



## Tìotal: A’ tuigsinn feisealachd dhaonna

Ìre: DÀRNA

### Ceanglan CfE

Tha an obair seo a’ togail air Eòlasan agus Builean bhon dàrna agus an treas ìre, a’ sealltainn adhartas agus ceangal eadar na h-ìrean. Tha an leasan seo stèidhichte air Eòlasan agus Builean an Dàrna agus an Treas ìre, a’ sealltainn adhartas agus ceanglaichean thairis air na h-ìrean.

Eòlasan agus Builean	Slatan-tomhais
Tha mi a’ tuigsinn gum faod atharrachaidhean nam bhodhaig buaidh a thoirt air mar a tha mi a’ faireachdainn mum dheidhinn fhìn agus air mo dhol-a-mach. HWB 2-47a Tha mi a’ tuigsinn mar a tha mo bhodhaig eadar-dhealaichte, agus mar a tha mo ghnèitheasachd agus gnèitheasachd dhaoine eile a’ tighinn air adhart. HWB 3-47a	<ul style="list-style-type: none"><li>• Ag aithneachadh rudan deimhinneach mun ìomhaigh bodhaig aca agus an coltas.</li><li>• Ag aithneachadh buaidh inbhidheachd agus feisealachd a’ tighinn gu ìre.</li></ul>

### Amasan Ionnsachaidh

- Gun ionnsaich clann bun-bheachd feisealachd dhaonna
- Gun tog clann fèin-aithne dheimhinneach.

### Slatan-tomhais Soirbheachaidh

- ‘S urrainn dhomh bruidhinn mu fheartan de feisealachd dhaonna co-cheangailte rium fhìn mar neach fa leth.
- Tha mi ag aithneachadh dè tha gam dhèanamh sònraichte agus gun shamhail.

### Goireasan-taic

- Slaighdean PowerPoint
- Teamplaid bileig/flùr airson copaidhean a dhèanamh

Tha an dreachd againne den fhlùr feisealachd dhaonna do chlann dhen aois seo stèidhichte air obair Jo Adams agus Carol Painter.

## Obair

1. Bidh ionnsachadh RSHP air a neartachadh ma dh'fhaodas a' chlann suidhe còmhla, mar a bhios iad a' dèanamh aig àm cearcaill. Ma ghabhas e dèanamh toisich an leasan mar seo. Seall a' chiad shlaighd agus tòisich le bhith a' cur an cuimhne na cloinne gu bheil sinn uile gun shamhail agus sònraichte.

**GUN SHAMHAIL: Tha seo a' ciallachadh nach eil ann ach aon de rud. Tha gach neach sònraichte agus eadar-dhealaichte, tha sinn uile gun shamhail. Tha thusa gun shamhail!**

2. An-diugh tha a' chlann gu bhith a' smaoinichadh mu phàirt de gach neach a tha gar dèanamh gun shamhail agus sònraichte – sin ar feisealachd. Seall an slaighd, leugh agus dèan cinnteach gu bheil iad a' tuigsinn, agus thoir dhaibh tuilleadh mìneachadh ma tha sin feumail.

**Tha rud ris an can sinn feisealachd aig gach neach.** 'S e faireachdainn a th' ann am feisealachd, rudeigin a tha sinn a' dèanamh, a tha beò annainn fhìn. Chan e an aon rud ri bhith ri feise a th' ann am feisealachd idir; 's e bun-bheachd nas motha a th' ann. Tha sinn gu bhith a' smaoinichadh air feisealachd dhaoine mar fhìr le mòran bhileagan agus gach bileag a' riochdachadh pàirt den rud ris an can sinn an fheisealachd againn.

3. Seall am flùr dhan chloinn, sgaoil a-mach na bileagan air an làr gus am faic a h-uile duine iad. Inns dhan chloinn gu bheil iad gu bhith ag obair nan dithisean/triùirean gus flùr a chruthachadh a dh'innseas mun fheisealachd dhaonna acasan. (Dh'fhaodadh a' chlann seo a dhèanamh leotha fhèin. Ma tha iad ga dhèanamh mar seo, faodaidh a' chlann an toirt dhachaigh). Seall a' chiad bhileag den fhìr dhaibh agus mìnich mar seo e: Tha a' chiad bhileag den fhìr againn mu na 5 ceudfathan againn - cò aige tha cuimhne orra? Agus air an duilleig againn mu na ceudfathan tha e ag ràdh: (leugh a' bhileag)

**'S e na 5 ceudfathan againn, fradharc, claisneachd, blas, fàileadh agus suathadh.** Mar eisimpleir, fairichidh tu fàileadh a' bhìdh as fheàrr leat ga bhruich, èistidh tu ris a' cheòl as fheàrr leat, beiridh tu air làmh cuideigin, fairichidh tu teas na grèine air d' aodann.

Dèan cinnteach à tuigse agus an uair sinn tarraing aire chun na ceist air an duilleig: Dè as toigh leat a bhith a' faicinn, a' cluinntinn, a' blaiseadh, a' beantainn ri/suathadh agus dè am fàileadh a tha a' còrdadh riut? Faigh freagairtean bhon chloinn. An uair sin inns dhaibh gum bi aca (leotha fhèin no mar bhuidheann) ris na freagairtean aca a sgrìobhadh no dealbh a dhèanamh air a' bhileig. Mar sin bidh iad a' cruinneachadh fiosrachadh mun deidhinn fhèin. Thoir a' chiad bhileig dhan chloinn agus iarr orra tòiseachadh.

4. An ceann mionaid no dhà iarr air a' chloinn na bileagan aca a shealltainn. An uair sin thoir dhaibh an dàrna bileag **Na faireachdainnean agad.** Inns dhaibh na th' aca ri dhèanamh a-rithist. Lean ort leis na bileagan: **Spioradalachd; Dearbh-aithne; Fèin-bheachd mu ar coltas; Na dàimhean againn.** A' dèanamh cinnteach à tuigse agus a' còmhradh mar a tha thu a' dol air adhart.

## Na 6 bileagan

- i. **Na 5 ceudfathan againn, fradharc, claisneachd, blas, fàileadh agus suathadh.** Mar eisimpleir, fairichidh tu fàileadh a' bhìdh as fheàrr leat ga bhruich, èistidh tu ris a' cheòl as fheàrr leat, beiridh tu air làmh cuideigin, fairichidh tu teas na grèine air d' aodann. **Dè as toigh leat a bhith a' faicinn, a' cluinntinn, a' blaiseadh, a' suathadh no dè na fàilidhean a tha a' còrdadh riut?**
  - ii. **Na faireachdainnean againn.** Mar eisimpleir, faireachdainnean a tha deimhinneach mar toileachas, gaol, tlachd, earbsa. Agus cuideachd faireachdainnean a dh'fhaodas neach fhàgail troimh-a-chèile no a tha a' faireachdainn neo-dheimhinneach mar farmad, fearg ro bròn. *Ciamar a bha thusa a' faireachdainn an-diugh?*
  - iii. **Spioradalachd:** Canaidh cuid gu bheil do spioradalachd mun spiorad no an t-anam daonna. Tha Spioradalachd stèidhichte air gràdh agus urram do gach rud beò. Seo mar a bhios tu a' ceangal ri nàdar. Do chuid de dhaoine tha seo mu dheidhinn a bhith a' creidsinn ann an Dia agus a bhith nad phàirt de chreideamh. *Ciamar as urrainn dhuinne, mar dhaoine, gràdh agus urram a shealltainn dhan t-saoghal agus coimhead às a dhèidh?*
  - iv. **An dearbh-aithne againn:** Tha dearbh-aithne a' ciallachadh mar a tha sinn gar faicinn fhìn. *Leig ort gu bheil thu a' tachairt air cuideigin airson a' chiad turas. Dè dh'innseadh tu dhaibh mu do dheidhinn fhèin? Ciamar a dh'innseadh tu dhaibh cò ris a tha thu coltach?*
  - v. **Fèin-bheachd mu ar coltas:** Canaidh sinn fèin-ìomhaigh ris an seo. Nuair a tha sinn a' smaoinneachadh air fèin-ìomhaigh, bidh sinn a' smaoinneachadh air meudachd ar bodhaig, cruth ar bodhaig, mar a tha sinn a' faireachdainn mu ar bodhaig. Bu chòir do dheagh bheachd a bhith againn air ar bodhaigean. Canaidh sinn fèin-ìomhaigh dheimhinneach ris an seo. *Dè as toigh leibhse mu ar coltas agus mu na bodhaigean agaibh?*
  - vi. **Na dàimhean againn ri daoine eile** Bidh iomadach seòrsa dàimh aig daoine. Faodaidh tu bhith nad phàirt de theaghlach, nad phàirt de chlas-sgoile, nad phàirt de bhuidheann charaidean. Faodaidh inbhich fuireach comhla ri caraidean ann an taigh, còmhla ri cèile pòsta no gun phòsadh. *Cò na daoine a tha cudromach nad bheatha fhèin?*
5. Thoir pìos meadhain dhan chloinn air a bheil Feisealachd Dhaonna. Iarr air a' chloinn am pìos meadhain agus na bileagan a thionndadh agus an gladhadh còmhla. Cruinnich a h-uile duine air ais còmhla airson beagan còmhraidh – coimhead airson rudan a tha gar ceangal agus gar dèanamh eadar-dhealaichte. Seall/dèan taisbeanadh de na flùraichean air feisealachd dhaonna.

### Ceangal ris an dachaigh

*Faodaidh sibh an teacsa g h-ìosal a chleachdadh airson fios a chur dhachaigh mun obair seo.*

Tha a' chlann a' leantainn air adhart ag ionnsachadh mu dhàimhean, fallaineachd feise agus pàrantachd. Bidh sinn ag obair còmhla air leasannan mu fheisealachd dhaonna. Thathas ag ràdh gu bheil feisealachd mu dheidhinn na tha sinn a' faireachdainn, na bhios sinn a' dèanamh agus rudan eile a tha annainn. Tha sinn a' bruidhinn agus ag ionnsachadh mu fheisealachd dhaonna gus sealltainn dhan chloinn nach eil feisealachd a-mhàin mu bhith ri feise – tha e fìor ge-tà gur e rudeigin as urrainn do dh'inbhich a dhèanamh mar phàirt den fheisealachd aca, ach bu mhath leinn gum biodh a' chlann a' smaoinneachadh orra fhèin mar dhaoine fa-leth le faireachdainnean agus dàimhean agus beachdan a tha cudromach. Mar as motha as urrainn

dhuinn mothachadh deimhinneach a thogail dhinn fhèin agus de fheisealachd dhaonna mar phàirt den neach, 's ann as motha as urrainn dhuinn sgilean agus seasmhachd a thogail airson dàimhean pearsanta. Gus taic a thoirt don ionnsachadh seo tha a' chlann a' smaoinneachadh air feisealachd dhaonna mar fhìrle bileagan a tha a' riochdachadh diofar eileamaidean. Thathas a' toirt cunntas air na bileagan air na flùraichean san dòigh seo. Nuair a bhios a' chlann air a bhith ag obair còmhla gus cunntas a thoirt air gach eileamaid de fheisealachd dhaonna, bidh taisbeanadh dathte, brèagha againn gus ar cuideachadh a' leantainn air adhart le ar n-ionnsachadh:

Tha 6 bileagan ann agus bidh a' chlann a' smaoinneachadh, a' sgrìobhadh agus a' deanamh dhealbhan airson bileagan 1-6.

- 1. Na 5 ceudfathan againn, fradharc, claisneachd, blas, fàileadh agus suathadh.** Mar eisimpleir, fairichidh tu fàileadh a' bhìdh as fheàrr leat ga bhrùich, èistidh tu ris a' cheòl as fheàrr leat, beiridh tu air làmh cuideigin, fairichidh tu teas na grèine air d' aodann. **Dè as toigh leat a bhith a' faicinn, a' cluinntinn, a' blaiseadh, a' suathadh no dè na fàilidhean a tha a' còrdadh riut?**
- 2. Na faireachdainnean againn.** Mar eisimpleir, faireachdainnean a tha deimhinneach mar toileachas, gaol, tlachd, earbsa. Agus cuideachd faireachdainnean a dh'fhaodas neach fhàgail troimh-a-chèile no a tha a' faireachdainn neo-dheimhinneach mar farmad, fearg ro bròn. *Ciamar a bha thusa a' faireachdainn an-diugh?*
- 3. Spioradalachd:** Canaidh cuid gu bheil do spioradalachd mun spiorad no an t-anam daonna. Tha Spioradalachd stèidhichte air gaol agus urram do gach rud beò, seo mar a bhios tu a' ceangal ri nàdar. Do cuid de dhaoine tha seo mu dheidhinn a bhith a' creidsinn ann an dia agus a bhith nad phàirt de chreideamh. *Ciamar as urrainn dhuinne, mar dhaoine gaol agus urram a shealltainn dhan t-saoghal agus coimhead às a dheidh?*
- 4. An dearbh-aithne againn:** Tha dearbh-aithne a' ciallachadh mar a tha sinn gar faicinn fhìn. *Leig ort gu bheil thu a' tachairt air cuideigin airson a' chiad turas, dè dh'innseadh tu dhaibh mu do dheidhinn fhèin? Ciamar a dh'innseadh tu dhaibh cò ris a tha thu coltach?*
- 5. Fèin-bheachd mu ar coltas:** Canaidh sinn **fèin-ìomhaigh** ris an seo. Nuair a tha sinn a' smaoinneachadh air fèin-ìomhaigh, bidh sinn a' smaoinneachadh air meudachd ar bodhaig, cumadh ar bodhaig, mar a tha sinn a' faireachdainn mu ar bodhaig. Bu chòir do dheagh bheachd a bhith againn de ar bodhaigean, canaidh sinn fèin-ìomhaigh dheimhinneach ris an seo. *Dè as toigh leibhse mu ar coltas agus mu na bodhaigean agaibh?*
- 6. Na dàimhean againn ri daoine eile** Bidh iomadach diofar seorsa dàimh aig daoine. Faodaidh tu bhith na phàirt de theaghlach, nad phàirt de chlas-sgoile, nad phàirt de bhuidheann charaidean. Faodaidh inbhich fuireach còmhla ri caraidean ann an taigh, còmhla ri cèile pòsta no gun phòsadh. *Cò na daoine cudromach nad bheatha fhèin?*

## Nòtaichean Tidseir

